

# NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB | LIFE ANDWORK

AIREAMH 1 | 2016 | AM FAOILLEACH

## Facal Toisich

Aig àm na Bliadhn' Uire tha e nàdarra dhuinn a bhith a' coimhead air ais agus a bhith a' sealltainn romhainn.

Nuair a bheir sinn sùil air ais air a' bhliadhna a dh'fhalbh bidh iomadh cuimhneachan eadar-dhealaichte againn. Bidh sinn a' cuimhneachadh air làithean neulach dorcha, ma dh'fhaodte, agus cuideachd air làithean soilleir grianach. Chaill sinn uile càirdean agus luchd-eòlais a ràinig ceann an turais anns an t-saoghal seo air a' bhliadhna a tha a-nis air tighinn gu ceann. Ged a bhios sinn gan ionndrain dh'fhàg iad cuimhneachain chùbhraidh againn. Bidh sinn a' cuimhneachadh cuideachd air rudan a chòrd rinn anns a' bhliadhna a chaidh seachad. Bidh sinn a' cuimhneachadh air cruinneachaidhean anns an robh sin far an robh càirdeas agus co-chomann a bha blàth agus càirdeil. Nar cuimhne bidh seirbheisean far an do dh'fhairich sinn làthaireachd Dhè ann an dòigh shònraichte. Chuir sinn eòlas air càirdean ùra agus choinnich sinn a-rithist ri deagh chàirdean nach faca sinn bho chionn greis. Bidh cuimhne againn air leabhraichean a leugh sinn agus prògraman ris an do dh'èisd sinn air ràdio no telebhisean a thug togail dhuinn.

Thug e toileachadh dhuinn anns a' chlàir againne a bhith a' faicinn choitheanalan a bha gun mhinistear a-nis agus teachdaire os an cionn. Tha obair mhath ga dèanamh nuair a tha sgìrean bàn ach tha cùisean nas òrdaile nuair a tha ministear suidhichte anns an àite. Tha sinn an dòchas anns a' bhliadhna a tha romhainn gum faic sinn na beàrnagan gan lìonadh agus cuideachd gum bi tuilleadh dhaoine air an tarraing gu obair na ministrealachd.

Bha co-labhairt shoirbheachail ann an Glaschu mu staid na Gàidhlig ann an Eaglais na h-Alba. Tha sinn an dòchas gum bi co-chruinneachadh eile anns a' Bhliadhn' Uir airson togail air a' cheud choinneamh.

**Bliadhna Mhath Ur agus beannachd Dhè dhuibh uile,  
Ruairidh MacLeòid**



Air a' bhliadhna a dh'fhalbh chòrd e ris an Fhear-dheasachaidh a bhith ag adhradh ann an eaglais Dhruim na Drochaid far an do choinnich e ri grunn dhaoine aig an robh Gàidhlig. Bha e 'na thlachd a bhith a' faicinn buidheann mhath de dh'òigridh anns an Sgoil Shàbaid. Tha an t-Urr. Uisdean Watt air a bhith 'na mhinistear ann an Urchardan agus Gleann Mhoireasdain o 1996.

## Cùil nan Ceist

Ann an eachdraidh na Gàidhealtachd bha bliadhnachan ann a bha ainmeil – mar eisimpleir, cha bhiodh Gàidheil a' bruidheann air a' bhliadhna 1745 ach air “Bliadhna Theàrlaich”. An turas seo 's ann air bliadhnachan sònraichte anns a' Bhìoball a tha ar n-aire. Freagairt nan ceist air an duilleig chùil.

1. Cò a' bhliadhna anns an tàinig Iesophaphat a-nuas gu rìgh Israeil? (1 Rìgh, caibideil 22.)
2. Lìon a, bheàrn: “Anns a' bhliadhna anns an d'fhuair rìgh —— bàs.” (Isaiah, caibideil 6.)
3. Cia meud bliadhna a tha Sàtan gu bhith ceangailte? (Leabhar an Taisbeanaidh, caibideil 20.)
4. Cò a dh'fhan bliadhna agus sia mìosan ann an Corintus? (Leabhar nan Gnìomharan, caibideil 18.)

# Càirdean – 4

'S e am facal *caraid* a tha air a bhith far comhair anns an t-sreath seo, gu h-àraidh mar a tha am facal air a chleachdadh air duilleagan a' Bhìobail.

Thubhairt losa ri fear de na desiciobail, *A charaid. A charaid, carson a thàinig thu?*

An ann ri Eòin, an deisciobal a b'ionmhainn le losa, a thubhairt E sin?

No an robh E a' bruidheann ri Peadar, Peadar a bha cho dlùth dha ann an iomadh suidheachadh?

Gu h-iongantach, 's ann ri Iùdas Isacariot a labhair losa am facal, *A charaid*.

Thachair e ann an gàrradh Ghetsemane. Bha losa agus na deisciobail tric air tighinn don ghàrradh sin airson fois, airson co-chomainn, airson ùrnaigh a dhèanamh. 'S dòcha gu bheil àiteachan againn uile far am fairich sinn saorsainneil, air falbh o ghleadhraich an t-saoghail. Anns an dorchadas nochd buidheann dhaoine. 'S e a bha ann ach saighdearan Ròmanach agus iad airson an greim, agus Iùdas Isariot gan stiùireadh.

*A charaid, carson a thàinig thu? ars losa.*

Chan e, *A nàmhaid, carson a thàinig thu?* ged is e rud naimhdeil grànda a bha Iùdas a' dèanamh.

Cha b'e fear de na Pharasaich a bha air losa a bhrath, ach aon den dà fhear dheug. Bhiodh faclan an t-salmadair a' tighinn fa chomhair inntinn dhaoine agus iad a' gabhail beachd air na rinn Iùdas an oidhche dhorcha a bha sin.

*Am fear bu charaid dhileas dhomh,*

*Rin earbainn gach nì b'àill*

*'S a dh'ith dem aran air mo bhòrd,*

*Am aghaidh thog e 'shàil.*

Ach ged a bha Iùdas air rud cho oillteil a dhèanamh, bha losa fhathast ga ghràdhachadh. Bha E mar gum biodh E a' tagradh ri Iùdas, eadhon aig a' mhionaid mu dheireadh. Ach cha do dh'èisd Iùdas. Rinn e dìmeas air càirdeas.

## An t-Urr. Dòmhnall Uilleam MacCoinnich

Anns an t-Samhain chaochail an t-Urr. Dòmhnall Uilleam MacCoinnich a bha còrr is trì fichead bliadhna agus deich 'na mhinistear ann an Eaglais na h-Alba. Bha e ceithir fichead agus ochd deug.

Rugadh Mgr. MacCoinnich ann an eilean Ulbha, faisg air Muile, far an robh 'athair 'na mhinistear.

Ann an 1941 chaidh an t-Urr. Dòmhnall MacCoinnich a phòsadh ri coitheanal Bharraigh. Ann an 1948 ghabh e ri gairm o choitheanal Ghleann Aora agus Inbhir Aora. Aig aon àm bha dà mhinistear agus dà choitheanal anns an sgrì, ministear Gàidhlig agus ministear Beurla, coitheanal Beurla agus coitheanal Gàidhlig. Bha an dà eaglais anns an aon togalach. Nuair a bha Mgr. MacCoinnich ann an Inbhir Aora bha seirbheisean Gàidhlig aige dà uair anns a' mhìos. Anns an latha sin bha cuid mhath de dhaoine aig an robh Gàidhlig anns a' bhaile agus anns na ceàrnaidhean mun cuairt. Bha e 'na chlàireach air Clèir Inbhir Aora.

Ann an 1966 ghluais Dòmhnall MacCoinnich gu Uachdar Ardair ann an siorrachd Pheairt. Leig e dheth uallach coitheanail ann an 1983.

Ann an 1958 phòs e Patricia Forrest à Inbhir Aora. Bha dithis chloinne aca, Cairìona Ann agus Dòmhnall Uilleam.

Bha Mgr. MacCoinnich 'na fhear-sgrìobhadh comasach agus

## Leabhraichean

Seo leabhar cho feumail agus a bhios Eaglais na h-Alba a' foillseachadh ann am bliadhna. Anns an Leabhar Dhearg gheibhear a h-uile fiosrachadh a tha a dhìth oirnn mu obair na h-Eaglais, eadar comataidhean agus ministearan agus clèirean agus buidhnean eile.

An-uiridh bha ceithir cheud agus ceithir fichead duilleag anns an Leabhar Bhliadhnail. An turas seo tha àireamh nan duilleag air a ghiorrachadh gu mu thrì cheud agus leth-cheud. Tha mi a' creidsinn gur e cosgaisean clò-bhualaidh as coireach gu bheil an leabhar ùr nas taine. Ach tha an leabhar fhathast deatamach do mhinistearan agus do bhuill na h-eaglais. Mar as àbhaist, tha fiosrachadh againn mu gach coitheanal air feadh na dùthcha – agus thall thairis. Tha duilleagan Gàidhlig anns an Leabhar Bhliadhnail, mar a tha air a bhith a' tachairt o 2008. Tha aithisg a' Mhoderàtor againn ann am

**The Church of Scotland Year Book  
2015-16  
(Saint Andrew Press)**

Beurla agus ann an Gàidhlig.

Tha e 'na chomharradh air mar a tha sinn an crochadh an-diugh air teicneòlas gum faighear na duilleagan a chleachd a bhith anns an leabhar air làrach-lìn na h-Eaglais, can, an t-ainm laghail a tha aig gach coitheanal agus an àireamh carthannais a tha aca, no ainmean nan daoine a tha air a bhith còrr is trì fichead bliadhna anns a' mhinistrealachd. Tha clàr ann le Moderàtoran an Ard-sheanaidh o 1989, ach ma tha sinn airson ainmeannan nam Moderàtor a bha ann anns na bliadhnachan roimhe sin, gheibh sinn sin air loidhne.

Tha sinn fo fhiachan mòra do fhear-deasachaidh an Leabhair Bhliadhnail, an t-Urr. Dùbhghlas Mac a' Bhreatnaich, airson obair cho mionaideach a dhèanamh am bliadhna a-rithist.

bhiodh e tric 'na bhrìtheamh aig Mòdan. Ann an 2000 dh'fhoillich e leabhar inntinneach air a bheil *As it was. An Ulva Boyhood. Sin mar a bha*. Anns an leabhar leughar mu eachdraidh agus beul-aithris eilean a bhreith. Tha bàrdachd Ghàidhlig a chaidh a chur ri chèile ann an Ulbha ann an leabhar MhicCoinnich. Thug e pàipear fìor mhath seachad do Chomunn Gàidhlig Inbhir Nis air *The Worthy Translator – How the Scottish Gaels got the Scriptures in their own Tongue*.

## Laoidhean Spioradail Dhùghail Bhochanain

Bho nochd iad an toiseach ann an 1767 tha na Gàidheil air a bhith a' cur meas air na laoidhean aig Dùghall Bochanan.

O 1844 bhiodh iomradh air beatha agus iompachadh a' bhàird air a chur ris na dàin spioradail.

A-nis tha Dòmhnall Meek, le cuideachadh o sgoilear Gàidhlig eile, Dòmhnall Uilleam Stiùbhart, air leabhar ionmholta a thoirt am follais le deasachadh ùr de na laoidhean agus ath-sgrùdadh air beatha agus saothair a' bhàird. Tha iad air iomadh puing a thoirt am follais air nach robh sgeul aig an fheadhainn a dheasaich na laoidhean anns na làithean a dh'fhalbh. Tha an t-Oll. Dòmhnall Uilleam Stiùbhart 'na fhear-eachdraidh iomraiteach agus tha esan a' cur gu mòr ri ar n-eòlas air beatha a' bhàird. Tha iad air iomadh ceist a bha an duathar air luchd-deasachaidh eile fhuasgladh. Ged a bha Bochanan 'na bhàrd cho cumhachdach, chì sinn an seo a' bhuaidh a bha aig bàrdachd Bheurla air na sgrìobh e.

Tha leth-bhreac againn de na ochd laoidhean aig Bochanan mar a thàinig iad a-mach an toiseach ann an 1767, agus mu choinneamh gach duilleag tha na rainn againn ann an litreachadh an latha an-diugh. Tha an deasachadh mionaideach

agus comasach, mar a bhiodh dùil o sgoilear barraichte leithid Dhòmhnall Meek.

Tha eadar-theangachadh Beurla againn den ro-ràdh Ghàidhlig, ach tha an còrr den leabhar ann an Gàidhlig.

Tha sinn fo fhiachan mòra do Chomann Litreachas Gàidhlig na h-Alba airson leabhar cho grinn agus cho sgoilearach a thoirt am follais. Tha e a' cosg £25.

## Searmon a' Mhoderàtor

Seo mar a thubhairt an t-Oll. Urr. Aonghas Moireasdan faisg air deireadh an t-searmoin a thug e seachad aig fosgladh a' Mhòid Nàiseanta anns an Oban.

*Agus a-rithist, agus sinn a' tilleadh far an do thòisich sinn, chì sibh cho cudthromach ann an ùrnaigh mar sin is a tha an t-àite a tha air a thoirt thairis do spiorad na fìor thaingeachd. Tha sinn ro-bhuailteach a bhith a' diochuimhneachadh coibhneas dhaoine eile, agus coibhneas agus maitheas Dhè dar taobh. Sin aon adhbhar gu bheil seirbheis a' Mhòid seo, agus gach Seirbheis Thaingeachd airson foghar gach bliadhna, cho luachmhor dhuinn uile. Tha iad a' cur nar cuimhne, a chionn 's gu bheil feum againn air sin, cò bhuaithe a tha ar beannachdan uile a' tighinn, is chan e a-mhàin beannachdan na slàinte a tha againn ann an Crìosd, ach gach tìodhlac a tha a' tighinn thugainn 'na Fhreasdal caomh, is 'nam measg sin tha tàlant cruthachaidh mar a thèid an cur an cèill ann an litreachas is ceòl, ann an òrain agus bàrdachd. Anns gach cruinneachadh is farpais a bhios againn fad na seachdain shònraichte seo, bhiodh e math nam beachdaicheamaid air facail an abstoil: "ge b'e nithean a tha fìor, ge b'e nithean a tha urramach, ge b'e nithean a tha ceart, ge b'e nithean a tha fìorghlan... ge b'e nithean a tha ionmholta...smaoinichibh air na nithean sin."* (Philipianaich 4:8.)

## Gàidhlig Shìmplidh



Ceann-teagaisg airson a' mhìos seo: "As eugmhais chreidimh chan eil e comasach Dia a thoileachadh."

Tha na faclan sin sgrìobhte ann an litir nan Eabhraidheach. Tha iad anns an aona caibideil deug, aig an t-siathamh rann. (Eabhraidhich 11:6.) Tha seo a' sealltainn cho cudthromach agus a tha creideamh. Bha na deisciobail a' faicinn gu robh feum aca air tuilleadh creidimh. Thubhairt iad ri Iosa, "Meudaich ar creideamh." Tha mì-chreideamh a' tighinn eadar sinne agus Dia. Tre chreideamh tha sinn a' tighinn gu Dia.



Tha an oidhche a-nochd dorcha. Ach chan eil gaoth ann. Bha frasan troma againn tron latha. An-raoir bha reothadh

ann toiseach na h-oidhche. Nuair a thig *Duilleagan* an Fhaoilich a-mach bidh an latha a' fàs nas fhaide. Cha tàinig sneachd fhathast ged a tha e air mullach nam beann. Bidh dùil againn ri stoirmean mun tig deireadh a' gheamhraidh. Bidh fuachd romhainn fhathast, agus bidh sinn toilichte nuair a bhios an Dùbhlachd seachad. Air an ath mhìos bidh obair nàdair mun cuairt oirnn a' tighinn beò.



Seanfhacal airson a' mhìos seo: "Ge dubh a cheann, 's geal a chridhe." (Though black his hair, his heart

is fair.) Bidh daoine a' coimhead rud-eigin gruamach on taobh a-muigh. Ach nuair a chuireas sinn eòlas orra, chì sinn gu bheil iad blàth agus coibhneil. Tha e furasda dhuinn breth a thoirt air daoine agus a bhith ceàrr. Chan urrainn dhuinne an cridhe fhaicinn. Ach tha Dia a' faicinn a h-uile rud, ar cridhe agus coltas an leth a-muigh. Bha Iosa a' tuigsinn nàdar an duine.



Is toigh leam a bhith a' seinn laoidhean Nollaig. Anns an Dùbhlachd sheinn sinn iad aig seirbheisean

ann an eaglaisean agus ann an sgoiltean. Tha mòran de na laoidhean Beurla air an eadar-theangachadh gu Gàidhlig. Bha an t-Urr. Iain MacLeòid a bha anns an Oban comasach air laoidhean a tha ainmeil ann am Beurla a chur ann an Gàidhlig. Tha barrachd air aon eadar-theangachadh againn air laoidhean Nollaig. Tha co-dhiùbh trì eadar-theangachaidhean den laoidh a chaidh a sgrìobhadh ann an Gearmaileis, *Ciùin an Oidhch'*.

# AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU. Fòn: 01499500 629 Post-dealain: mail@revroddy.co.uk

## Thall 's a-Bhos

### RANN

'S e 'n gaisgeach esan bheir fo chìs  
A thoil chum strìochd' do reusan ceart,  
'S a smuainte ceannairceach gu lèir  
Bhith 'n òrdugh gèilleachdainn da smachd.

Seo mar a tha rann anns an laoidh, *An Gaisgeach*, le Dùghall Buchanan mar a tha e anns an leabhar ùr aig Dòmhnall Meek agus Dòmhnall Uilleam Stiùbhart. Ann am beachd a' bhàird 's e am fìor ghaisgeach an neach a bheir buaidh air ana-miannan na feòla.

### FUASGLADH NAN CEIST

Seo freagairt nan ceist a chuir sinn oirbh mu bhliadhnachan a tha air an ainmeachadh anns a' Bhìoball. 1. An treas bliadhna. 2. Usiah. 3. Mìle bliadhna. 4. Pòl.



An t-Urr. Dòmhnall Uilleam MacCoinnich a chaochail anns an t-Samhain. Aig àm a' bhàis b'esan am ministear a b'fhaide a bha anns an dreuchd ann an Eaglais na h-Alba. Chaidh a choisrigeadh gu dreuchd na ministrealachd le clèir Uibhist ann am Barraigh air an treas latha den Iuchar 1941. Anns an dealbh seo tha e 'na sheasamh aig eaglais Inbhir Aora.

### SGRÌOBHAIDHEAN

Aig toiseach bliadhna bidh cuid de dhaoine a' cur romhpa rudan a tha iad a' dol a dhèanamh. Tha sinn an còmhnaidh a' lorg sgrìobhaidhean ùra, ann an ros g no ann am bàrdachd, naidheachdan agus sgeulachdan. Tha sinn an dòchas gun cuir an luchd-leughaidh sgrìobhaidhean gu leòr thugainn air a' bhliadhna seo.

### ADHBHAR GAIRE

Bha an t-Urr. Herbert Gunneberg, ministear Gearmailteach a bha ann an Giogha, dèidheil air a' Ghàidhlig agus bhiodh e a' toirt mhinistearan a-steach don eilean airson seirbheisean Gàidhlig a chumail. A' cheud turas a bha am Fear-deasachaidh ann an Giogha aig seirbheis Ghàidhlig thug am ministear cuairt e air feadh an eilein. A h-uile duine a chìtheadh e air an rathad bha e a' toirt cuiridh dha chun na seirbheis. Stad e aon duine. "A bheil Gàidhlig agad?" ars Herbert còir. "Chan eil," fhreagair am fear eile. "A bheil thu a' dol don t-seirbheis Ghàidhlig a-nochd?" thubhairt am ministear. "Chan eil," thubhairt an t-eileanach, "Bheir e mo dhìol dhòmhsa am fear a bhios a' searmonachadh anns a' mhadainn a thuigsinn." Bha e soilleir gum biodh spòrs eadar ministear Ghiogha agus an sluagh.

## Urnaigh

A Dhè ar slàinte,  
aig toiseach na bliadhna,  
tha sinn a' toirt taing dhut  
airson do mhaitheis anns a' bhliadhna  
a tha a-nis air tighinn gu ceann.  
Deònaich dhuinn creideamh agus dòchas  
airson na slighe a tha air thoiseach oirnn.  
Chan eil fios againn  
ciod a bheir latha no uair mun cuairt,  
ach tha sinn a' creidsinn gu bheil Thusa  
a' dol romhainn  
latha an dèidh latha,  
bliadhna an dèidh bliadhna.  
Amen

An dealbh air an aghaidh:  
sealladh de Thairbeart na Hearadh  
agus bàta Mhic a' Bhruthainn ris a' chidhe.  
Tha sinn taingeil airson  
sgìobaidhean nam bàtaichean-aiseig  
a bhios a' ceangal nan eilean ri tìr-mòr  
ri stoirmean a' gheamhraidh  
agus ri làithean soilleir an t-samhraidh.